

# Gnìomhachasan Cruthachail

## Ro-innleachd airson Alba Chruthachail 2016-17

### Earr-ràdh 1

---

---

# A' TOMHAS ADHARTAS

---

---

Tha an t-earr-ràdh seo a' toirt cunntas air mar a bhios sinn a' tomhas adhartas Ro-innleachd nan Gnìomhachasan Cruthachail a rèir nam prìomhachasan anns a' phlana 10-bliadhna aig Alba Chruthachail, *A' Fuasgladh Comais, A' gabhail ri Miann-adhartais.*





ALBA | CHRUTHACHAIL

© 2016 Alba Chruthachail

Chan fhaodar pàirt sam bith den fhoillseachadh seo ath-fhoillseachadh ann am fòrmat sam bith gun chead sgrìobhte ro làimh bho Alba Chruthachail.

## Co-ionannachd chothroman

Tha poileasaidh co-ionannachd chothroman aig Alba Chruthachail. Tha slighe a-steach do dhaoine air a bheil ciorram aig na h-oifisean againn. Tha cuid de na foillseachaidhean rim faighinn ann an Gàidhlig, Scots, ann an clò-mòr agus ann an cruth claisneachd. Cuir fios thugainn air 0845 603 6000 Airson Typetalk cuir 18001 ron àireamh Airson luchd-cleachdaidh BSL, cleachd [www.contactsotland-bsl.org](http://www.contactsotland-bsl.org)

Chaidh an sgrìobhainn seo a chruthachadh ann an clò dealain le Alba Chruthachail - thoir an aire dhan Àrainneachd agus na clò-bhuail seo mur a bi cruaidh fheum agad air. Thoir an aire gu bheil sinn a' cleachdadh cheanglaichean-lìn san sgrìobhainn seo (gus ceangal ri foillseachaidhean, rannsachadh no planaichean eile) agus nach gabh iad seo a leughadh ma chlà-bhuaileas tu an sgrìobhainn seo.

Tha an t-ais-eòlas agad cudromach dhuinn. Innis dhuinn dè do bheachd air an fhoillseachadh seo le bhith cur post-d thugainn aig [feedback@albachruthachail.com](mailto:feedback@albachruthachail.com)

---

---

# ÀRD-AMASAN

---

---

## Sàr-mhathas agus is deuchainneachd tro na h-ealain, sgrìn agus na gnìomhachasan cruthachail gan aithneachadh agus luach ga chur annta.

Bidh gnìomhachasan cruthachail na h-Alba a' cruthachadh sàr-mhathas agus deuchainneachd, an dà chuid a thaobh an luach chultaraich a chruthaicheas iad ach cuideachd airson na tionnsgalachd aca, a chruthaicheas luach sòisealta agus airson an luach a chruthaicheas iad dhan eaconomaidh.

Cleachdaidh sinn na prionnsabalan ann an Frèam Lèirmheas Ealanach agus Cruthachail na h-Alba<sup>1</sup> gus dèanamh cinnteach gu bheil an obair leis na gnìomhachasan cruthachail ann an Alba a' toirt seachad sàr-mhathas ann an cruthachalachd. Cumaidh sinn sùil air prìomh dàta cuideachd agus cumaidh sinn oirnn a' còmhradh taobh a-staigh na roinne gus dèanamh cinnteach gu bheil daoine a' tuigsinn agus a' gabhail ris an amas seo.

Cumaidh sinn sùil air:

- GVA<sup>2</sup> nan gnìomhachasan cruthachail ann an Alba
- Àireamh nan gnothachasan cruthachail a tha stèidhichte agus fo shealbh ann an Alba.
- Deagh eisimpleirean de dh'obair gnothachais a tha cruthachail
- Na beachdan aig buidhnean riochdachail ann an Alba
- Faicsinneachd na h-Alba ann an lionraidhean gnìomhachasan cruthachail na RA.

## Faodaidh a h-uile duine cothrom fhaighinn air agus tlachd fhaighinn à gnothaichean cruthachail

Tha na nithean cultarach a tha a' còrdadh ri luchd-amhairc air feadh na h-Alba air an cruthachadh leis na gnìomhachasan cruthachail againn. Obrachaidh sinn leis na h-earrannan seo gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-iomairtean cultarach seo a' nochdadh iomadachd a' phobaill agus gu bheil prionnsabalan na h-in-ghabhaltachd agus co-ionannachd inntigidh a' toirt buaidh orra.

Cumaidh sinn sùil air:

- Luchd-amharc a' cleachdadh/gabhail pàirt ann an seirbheisean is toraidhean nan gnìomhachasan cruthachail.
- Iomadachd ann an luchd-obrach anns an roinn.

---

1 [www.creativescotland.com/creativereview](http://www.creativescotland.com/creativereview)

2 Luach Iomlan air Cuir Ris - am measadh air a chleachdadh gus a' bhuannachd eaconamach aig roinn sam bith a thomhas.

**Tha àiteachan is càileachd beatha air an cruth-atharrachadh tro mhac-meanmna, miannan-adhartais agus tuigse do chomas cruthachalachd.**

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil ceangal làidir ann eadar cruthachalachd agus àite. Tha am mac-meanmna sin a' tighinn à coimhearsnachdan agus a' cruthachadh chothroman gus gnothachasan cruthachail a stèidheachadh is a bhith soirbheachail.

Cumaidh sinn sùil air:

- Tachartasan air an cur air dòigh le com-pàirtichean neo-eisimeileach ann an lìonraidhean cruthachail roinneil
- Goireasan nach eil gan cleachdadh air an cleachdadh a-rithist airson taic a chumail ri gnothachasan cruthachail
- Ro-innleachdan aig Ùghdarrasan Ionadail airson nan gnìomhachasan cruthachail.

**Tha beachdan air an toirt beò tro cheannardan agus sgioba-obrach eadar-mheasgte, sgileil agus co-cheangailte.**

Tha luchd-obrach air leth sgileil aig na gnìomhachasan cruthachail a tha comasach air gnothachasan a thogail bho na beachdan agus bhon cruthachalachd aca. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gu bheil an cothrom gnothachas ùr a chruthachadh fosgailte do na h-uile agus gu bheil an luchd-obrach a' faireachdainn ceangailte ri chèile, agus ris na structairean a th' ann gus taic a chumail riutha.

Cumaidh sinn sùil air:

- Soirbheas Plana Tasgadh nan Sgilean airson Gnìomhachasan Cruthachail na h-Alba<sup>3</sup>
- Meud, nàdar agus iomadachd an luchd-obrach
- An àireamh de cheumnaichean a tha ag obair aig gnothachasan ùra.

Is e nàisean shuaicheanta chruthachail a th' ann an Alba, a tha ceangailte ris an t-saoghal.

Tha gnìomhachasan cruthachail a' toirt seachad ìomhaigh shuaicheanta làidir don t-saoghal. Nì sinn cinnteach gum bi e comasach do na gnìomhachasan cruthachail againn a bhith ri malairt eadar-nàiseanta agus gum faic com-pàirtichean eadar-nàiseanta gur e dùthaich adhartach chruthachail a th' ann an Alba a tha fosgailte airson gnìomhachas.

Cumaidh sinn sùil air:

- Àireamh nam pròiseactan eadar-nàiseanta
- Tursan agus toraidhean 'Go and See'
- Dàta nàiseanta air na tha gnìomhachasan cruthachail ag às-mhalairt
- Soirbheas aig tachartasan eadar-nàiseanta taistealach mu na gnìomhachasan cruthachail a tha a' gabhail àite ann an Alba.

---

---

# CUSPAIREAN CO-CHEANGAILTE

---

---

## Ionnsachadh Cruthachail

Chaidh an ro-innleachd seo a sgrìobhadh ann an co-theacsa Plana Ionnsachadh Cruthachail na h-Alba 2013 a tha a' cur an cèill nan sruthan-obrach gus taic a chumail ri prìomh amasan a' Phlana. Is iad sin: gus ar lèirsinn de chomann-sòisealta nas cruthachail a chruthachadh a cho-roinn agus gus dèanamh cinnteach gu bheil cùl-taic aig gach com-pàirtiche ri seo; gus comas agus eòlas an luchd-obrach-ionnsachaidh agus nan com-pàirtichean a thogail gus taic a thoirt do leasachadh sgilean cruthachail tro ionnsachadh is teagasg; gus dòigh-obrach ro-innleachdail a chur ri chèile airson slighean gu ionnsachadh cruthachail fad-bheatha; gus dòighean-obrach a chruthachadh airson cruthachalachd a mheasadh, a' gabhail a-steach teisteanachadh. Obrachaidh sinn le ar co-obraichean taobh a-staigh Alba Chruthachail agus le na buidhnean com-pàirteachaidh airson a' Phlana Ionnsachaidh gus dèanamh cinnteach (i) gu bheil roinn nan gnìomhachasan cruthachail agus roinn an fhoghlaim gan ceangal ri leasachaidhean aig Planaichean Ionnsachaidh Cruthachail, agus cothrom aca cur riutha far a bheil sin iomchaidh (ii) gu bheil na gnìomhan leasachaidh a thèid a libhrigidh tron ro-innleachd seo a' cleachdadh dòigh-ionnsachaidh thaiceil leis an amas a bhith ag àrach cruthachalachd phearsanta aig a chridhe.

[www.creativescotland.com/\\_\\_data/assets/pdf\\_file/0009/26775/Creative-Learning-Information-Sheet-2014-15-v1-1.pdf](http://www.creativescotland.com/__data/assets/pdf_file/0009/26775/Creative-Learning-Information-Sheet-2014-15-v1-1.pdf)

## Co-ionnannachd agus Iomadachd

Tha adhbharan làidir ann airson a bhith a' coimhead air iomadachd anns na gnìomhachasan cruthachail. Tha e math airson cruthachalachd; tha e a' cumail taic ri leasachadh eaconamach; ruigidh e luchd-amharc nach eil a' faighinn cothroman gu leòr air na gnìomhachasan cruthachail; tha e feumail is ciallach a thaobh gnothachais; ach 's e an rud as cudromaich gu bheil e ceart a bhith a' coimhead air iomadachd. Tha fianais aig ìre na RA a' sealltainn gu bheil luchd-obrach gu math foghlaimte aig na gnothaichean cruthachail (tha ceum aig 60% an taca ri 32% aig a' chòrr den luchd-obrach san RA); ach cuideachd nach eil e a cheart cho co-ionnannachail ri roinnean ghnìomhachais eile san RA le mu 92% den luchd-obrach a bhith bho na buidhnean NS-SEC 1-4 an taca ri 66% aig ìre na RA. Tha ceudad nas lugha de bhoireannaich ag obair san roinn seo (36% an taca ri ìre chuibheasach nàiseanta na RA - 47%). Chan eil am fiosrachadh seo againn airson Alba fhathast, agus tha fios againn cuideachd gu bheil e coltach gum bi an dàta diofraichte a rèir fo-earrainn. Air an adhbhar seo, bidh sinn a' cumail sùil air measaidhean den luchd-obrach ann an Alba agus cumaidh sinn taic ri anailis a tha ag amas air pròifilean a dhèanamh air fo-earrannan sònraichte gus eadar-theachdan (interventions) a dheilbh. Tha sinn a' gealltainn gum brosnach sinn ìomhaighean deimhinneach agus gun cùm sinn taic ri iomairtean a bhrosnaicheas barrachd iomadachd sna gnìomhachasan cruthachail.

[www.creativescotland.com/what-we-do/the-10-year-plan/connecting-themes/creative-learning/our-approach-to-equalities](http://www.creativescotland.com/what-we-do/the-10-year-plan/connecting-themes/creative-learning/our-approach-to-equalities)

## Digiteach

Tha dàimh làidir ann eadar teicneolas digiteach agus na gnìomhachasan cruthachail. Tha an t-aithne air cho cudromach sa tha na gnìomhachasan cruthachail a fhuaras san fhichead bliadhna mu dheireadh air tighinn am bàrr aig an aon àm ri sgaoileadh farsaing nan teicneolasan digiteach ann am beatha làitheil. Tha seo air cothroman a chruthachadh airson gnìomhachasan beaga agus airson mion-ghnìomhachasan a tha ag obair ann am margaidean sònraichte no spèisealta a bhith faighinn ruigheachd eadar-nàiseanta. Anns an RA, tha an t-suim sheachdaineil cuibheasach a thèid a chosg air-loidhne gach seachdain thairis air a' bliadhna air dùblachadh anns a' chòig bliadhna mu dheireadh.<sup>4</sup> A bharrachd air seo, tha an teachd a-steach bho stuthan digiteach mar àireamh sa chiad den chosg air fad air dibhearsan agus na meadhanan air a dhol am meud bho 25% ann an 2009, agus thathar an dùil gun ruig seo 48% ann an 2018.<sup>5</sup>

Tha digiteach air an dòigh sa bheil gach gnothachas ag obrachadh atharrachadh agus chunnacas seo gu soilleir anns na gnìomhachasan cruthachail far an robh e an dà chuid na bhacadh agus na chothrom. Obrachaidh sinn gus na diofar dhòighean air an tug seo buaidh air na fo-roinnean fa leth a thuigsinn gus an toir sinn taic agus comhairle iomchaidh dhaibh. Brosnachaidh sinn agus bheir sinn taic ghnìomhach do dh'iomairtean a bhios a' gearradh tarsaing air diofar chuspairean agus a bhios an dà chuid a' cur ri cleachdadh èifeachdach de theicneolasan digiteach gus gnothachasan cruthachail a chur air adhart; agus a bhith a' cruthachadh gnothachasan aig a bheil e mar phrìomh amas cruthachail a bhith a' cur an gnìomh teicneolas cruthachail.

[www.creativescotland.com/\\_\\_data/assets/pdf\\_file/0010/26776/Digital-Information-Sheet-2014-15-v1-1.pdf](http://www.creativescotland.com/__data/assets/pdf_file/0010/26776/Digital-Information-Sheet-2014-15-v1-1.pdf)

## Àrainneachd

Tha Tèama Ceangail Àrainneachd Alba Chruthachail dà-fhillte: sa chiad dol a-mach, tha e airson dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhachasan ealain, sgrìn agus cruthachail a' nochdadh ceannardas ann a bhith a' lùghdachadh an sgaoileadh carbon agus na buaidh àrainneachdail aca; san dàrna àite tha e airson coimhead air mas as urrainn dhaibh buaidh a thoirt air a' phoball san fharsaingeachd gus na sgaoilidhean carbon aca a lughdachadh, agus gus an cuideachadh le seo. Obrachaidh sinn leis na com-pàirtichean againn aig Com-pàirteachas Gnìomhachasan Cruthachail na h-Alba (SCIP) agus buidhnean iomchaidh eile mar Charbon Cruthachail Alba gus aire a thogail mu na cothroman agus ceistean a th' ann a thaobh na h-àrainneachd agus seasmhachd a tha a' buntainn ris an roinn.

[www.creativescotland.com/what-we-do/the-10-year-plan/connecting-themes/environment](http://www.creativescotland.com/what-we-do/the-10-year-plan/connecting-themes/environment)

4 [www.ons.gov.uk/ons/rel/rsi/retail-sales/december-2014/sty-overview-of-internet-retail-sales-in-2014.html](http://www.ons.gov.uk/ons/rel/rsi/retail-sales/december-2014/sty-overview-of-internet-retail-sales-in-2014.html)  
5 <http://applications.creativeengland.co.uk/assets/public/resource/204.PDF>



ALBA | CHRUTHACHAIL


Chaidh an t-earr-ràdh seo a sgrìobhadh mar taic dhan Ro-innleachd aig Alba Chruthachail do na Gnìomhachasan Cruthachail 2016-17. Tha an Ro-innleachd agus gach earr-ràdh is goireas a tha cumail taic rithe rim faighinn aig [www.creativescotland.com/creativeindustries](http://www.creativescotland.com/creativeindustries)

Geata Waverley  
2-4 Plàs Bhatairliù  
Dùn Èideann EH1 3EG  
Alba RA

An Taigh-solais  
Caolshraid Mitchell  
Glaschu G1 3NU  
Alba RA

Ionad-fàilte +44 (0) 330 333 2000  
Fios +44 (0) 845 603 6000  
[enquiries@albachruthachail.com](mailto:enquiries@albachruthachail.com)

**[www.albachruthachail.com](http://www.albachruthachail.com)**

 @creativescots

An Cèitean 2016